



---

## **Institiùd OGE nam Mìle Bliadhna**

---

**BA Cànan Is Cultar/Gàidhlig Is Iomall a' Chuain Siar  
An Cùrsa Comais**

---

### **Comas Conaltraidh B (Pàipear 1)**

**Ath-shuidhe Dheuchainn**

**Dimàirt, 10 An Lùnasdal, 2004**

**Uair 10.00 - 12.00**

**Ainm an oileanaich: .....**

---

**Fiosrachadh: Tha naoi ceistean anns an deuchainn.  
Bu chòir dhut a h-uile ceist a fhreagairt.  
Chan fhaod thu faclair a chleachdadh.  
Sgrìobh do fhreagairtean air na duilleagan seo.**

---

1. Seo na freagairtean air dusan ceist. Leugh iad agus dèan an *obair*.

- a. Togaidh. Togaidh Seòras an dealbh air cùlaibh an taighe aig trì uairean.
- b. Sguabaidh. Sguabaidh Màiri an làr anns a' chidsin an dèidh na dinneir.
- c. Èistidh. Èistidh iad ris a' chòmhlann ann an talla a' bhaile a-nochd.
- d. Fàgaidh. Fàgaidh am bus Glaschu uaireigin anns a' mhadainn.
- e. Chì. Chì na h-oileanaich an consairt Diciadain anns an talla.
- f. Beiridh. Beiridh na gillean air an trèana a-màireach anns an Òban.
- g. Sheinn. Sheinn Catrìona anns a' chòisir an-uiridh.
- h. Leugh. Leugh Iain an leabhar sin anns an sgoil.
- i. Dh'òl. Dh'òl an leanabh am bainne aig an taigh nuair a dh'èirich e.
  - l. Dh'fhàs. Dh'fhàs tòrr chraobhan anns an lios an-uiridh.
- m. Fhuair. Fhuair Mairead na ticeadan anns an oifis aig dà uair.
- n. Thug. Thug an rùnaire dhaibh na pàipearan an-dè sa cholaiste.

### Obair

Sgrìobh trì ceistean dha gach freagairt anns na beàrnan fodha: ceist a' faighneachd an tachair no an do thachair an rud, ceist a' faighneachd *cuin* agus ceist a' faighneachd *càite*. Na sgrìobh na freagairtean a-rithist. Mar eisimpleir:

Nì. Nì Seumas am biadh a-nochd aig an taigh.

> *An dèan* Seumas am biadh?

*Cuin a nì* Seumas am biadh?

*Càite an dèan* Seumas am biadh?

a. ....Seòras an dealbh?

Cuin .....Seòras an dealbh?

Càite .....Seòras an dealbh?

b. ....Màiri an làr?

Cuin ..... Màiri an làr?

Càite ..... i e?

c. .... iad ris a' chòmhlann?

Cuin ..... iad ris a' chòmhlann?

Càite ..... iad ris a' chòmhlann?

d. .... am bus Glaschu?

Cuin ..... am bus?

Càite ..... am bus?

e. ....na h-oileanaich an consairt?  
Cuin .....na h-oileanaich an consairt?  
Càite ..... iad e?

f. ....na gillean air an treàna?  
Cuin .....iad air an treàna?  
Càite ..... iad oirre?

g. .... Catrìona anns a' chòisir?  
Cuin ..... i anns a' chòisir?  
Càite ..... i anns a' chòisir?

h. .... Iain an leabhar sin?  
Cuin ..... e e?  
Càite ..... e e?

i. .... an leanabh am bainne?  
Cuin .....an leanabh e?  
Càite ..... e e?

l. ....tòrr chraobhan anns an lios?  
Cuin .....tòrr chraobhan anns an lios?  
Càite .....tòrr chraobhan?

m. ....Mairead na ticeadan?  
Cuin .....i iad?  
Càite ..... i iad?

n. ....an rùnaire dhaibh na pàipearan?  
Cuin ..... an rùnaire dhaibh iad?  
Càite ..... i dhaibh iad?

(18 comharra)

2. Leugh an earrann seo. Tha i air a sgrìobhadh anns an tràth theachdail (tha sin a' ciallachadh nach do thachair càil fhathast ach gun tachair e a dh'aithghearr).

Falbhaidh Màiri agus Calum air saor-laithean as t-fhoghar. Bheir iad leotha an dithis chloinne as òige. Fàgaidh iad Uilleam, am balach as sine, aig an taigh. Seallaidh esan an dèidh nam beathaichean. Gabhaidh an teaghlach an treàna a Ghlaschu agus, à sin, glacaidh iad pleànq a Lunnainn. Fuirichidh iad ann an taigh-òsta faisg air meadhan a' bhaile. Caithidh iad seachdain an sin agus, anns an àm sin, nì iad mòran rudan inntinneach. Chì iad Luchairt Bhuckingham, tadhlaidh iad air mòran thaighean-tasgaidh agus ithidh iad biadh ann an taighean-òsta spaideil.

a. Sgrìobh an earrann a-rithist anns an tràth chaithte. Mar eisimpleir, an àite "Falbhaidh Màiri agus Calum..." sgrìobh "Dh'fhalbh Màiri agus Calum...", agus mar sin air adhart. Sgrìobh na facail ùra anns na beàrnan.

..... Màiri agus Calum air saor-laithean as t-fhoghar. ....iadh leotha an dithis chloinne as òige. ....iadh Uilleam, am balach as sine, aig an taigh. ....esan an dèidh nam beathaichean. .... an teaghlach an treàna a Ghlaschu agus, à sin, ....iadh pleànq a Lunnainn. ....iadh ann an taigh-òsta faisg air meadhan a' bhaile. ....iadh seachdain an sin agus, anns an àm sin, ....iadh mòran rudan inntinneach. ....iadh Luchairt Bhuckingham, ....iadh air mòran thaighean-tasgaidh agus ....iadh biadh ann an taighean-òsta spaideil.

(6 comharran)

b. Sgrìobh an earrann aon turas eile ag ràdh gu bheil a h-uile càil a' dol a thachairt. Mar eisimpleir, an àite "Falbhaidh Màiri agus Calum ..." sgrìobh "Tha Màiri agus Calum a' dol a dh'fhalbh..." agus mar sin air adhart.

(12 comharra)

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

3. Tha fear a' falbh on taigh greiseag agus tha e air liosta a sgrìobhadh de na rudan a th' aige ri dhèanamh mus falbh e. Leugh na seantansan a leanas.

1. Sgrìobh litir gu fear a' bhainne.
2. Rach gu taigh Catriona leis a' chat.
3. Òrdaich ticeadan air an eadar-lion.
4. Nigh an Toyota.
5. Cuir bion an sgudail a-mach chun a' gheata.
6. Faighnich dhan phost an cùm e na litrichean.
7. Thoir uisge dha na flùraichean.

a. Sgrìobh an liosta a-rithist ag ràdh gum bi an duine a' dèanamh a h-uile rud.  
Mar eisimpleir: Dèan biadh > *Bidh e a' dèanamh biadh.*

1. ....
2. ....
3. ....
4. ....
5. ....
6. ....
7. ....

b. Sgrìobh an liosta a-rithist ag ràdh gu bheil an duine air a h-uile rud a dhèanamh.  
Mar eisimpleir: Dèan biadh > *Tha e air biadh a dhèanamh.*

1. ....
2. ....
3. ....
4. ....
5. ....
6. ....
7. ....

(14 comharra)

4. Tha rudeigin ceàrr ann an cuid de na seantansan a leanas ach tha feadhainn eile ceart gu leòr. Cuir ceart an fheadhainn a tha ceàrr le bhith gan sgrìobhadh a-mach a-rithist. (NA SGRÌOBH an fheadhainn a tha ceart a-rithist.)

- a. Chan eil Sìne a' fuireach ann an Glaschu an-diugh.
- b. Tha cù agam agus 's e Greyhound a th' ann.
- c. Tha Calum Friseal dotair math.
- d. A bheil e madainn bhrèagha ann am Peairt an-dràsta?
- e. Chuala mi gur e manaidsear-banca a th' ann an Seumas Mòireach a-nis.
- f. Tha mi ann an Inbhir Nis agus 's e math dha-rìribh a th' ann.
- g. A bheil e tì no cofaidh a tha Seonaid a' gabhail?
- h. Nach eil an còmhlán sin math?
- i. Tha mi a' smaoinichadh gu bheil e deagh bheachd a th' agad.
- l. Chan e sin an duine ris an robh thu a' bruidhinn a-raoir, an e?

(5 comharran)

Sgrìobh an seo na seantansan a tha thu a' ceartachadh:

5. Atharraich na seantansan seo le bhith a' cur *Tha iad ag ràdh* no *Chuala mi* no *Tha mi a' smaoineachadh* aig toiseach gach fear, mar a leanas.

- a. Dh'fhàg Dòmhnall an taigh o chionn mìos.
- b. Cha do dh'òl Iain càil a-raoir.
- c. Ithidh duine rud sam bith ma bhios an t-acras air.
- d. Gheibh thu biadh math anns a' bhùth sin.
- e. Cha ghlas iad an doras nuair a thèid iad a-mach.
- f. Cha choisichinn tarsainn na mòintich airson rud sam bith.
- g. Cha bhìdeadh an cù sin duine.
- h. Thuigeadh Mairead Beurla, Gàidhlig agus Frangais.
- i. Stiùiridh Calum am bàta.
- l. Nì Alasdair an obair a-màireach.

Sgrìobh an seo iad:

- a. Chuala mi .....
- b. Tha iad ag ràdh .....
- c. Tha iad ag ràdh .....
- d. Chuala mi .....
- e. Tha iad ag ràdh .....
- f. Tha mi a' smaoineachadh .....
- g. Tha mi a' smaoineachadh .....
- h. Chuala mi .....
- i. Tha iad ag ràdh .....
- l. Tha mi a' smaoineachadh .....

(10 comharran)

6. Atharraich na seantansan a leanas dhan tràth chùmhnaidh. Mar eisimpleir:  
Nì mi fhèin cèic ma nì thusa briosaidean. > *Dhèanainn fhèin cèic nan dèanadh*  
tusa briosaidean. Sgrìobh do fhreagairtean fo na seantansan seo.

- a. Chì mi Catriona a-màireach ma thèid mi dhan bhaile.
- b. Marbhaidh mi am beathach sin ma thig e faisg air an taigh againn.
- c. Fàgaidh am bus aig trì uairean ma bhios e air an uair.
- d. Reicidh mi an càr agam ma cheannaicheas duine e.
- e. Innsidh mi sgeulachd dhan chloinn ma dh'èisteach iad rium.
- f. Èiridh Anna aig sia uairean ma dh'fheumas i falbh a dh'obair.
- g. Beiridh Sìne air a' bhus ma ghreasas i oirre.
- h. Fàsaidh na flùraichean sin ma chuireas tu uisge gu leòr orra.
- i. Salaichidh am balach beag a chuid aodaich ma thuiteas e.
- l. Sgrìobhaidh Màiri litir ma bheir thu am fiosrachadh dhi.

Sgrìobh do fhreagairtean an seo.

- a. ....
- b. ....
- c. ....
- d. ....
- e. ....
- f. ....
- g. ....
- h. ....
- i. ....
- l. ....

(15 comharra)



7. Seall air na seantansan a leanas. Anns gach paidhir sgrìobh an rud a th' anns a' chiad seantans a-rithist mar a tha an dàrna seantans ag iarraidh. Tha toiseach gach dàrna seantans sgrìobhte dhut. **Na cleachd** na facail "...a bhith...".

a. Bidh mo bhràthair a' cluiche ball-coise dhan sgoil am-bliadhna.  
Bu toigh le mo bhràthair .....

b. Bidh Dòmhnall Iain a' ceannach taigh ùr.  
Bu toigh le Dòmhnall Iain .....

c. Cha bhi am manaidsear ag obair anns an oifis a-màireach.  
Chan urrainn dhan mhanaidsear .....

d. Tha a' chlann ag ionnsachadh Gàidhlig.  
Feumaidh a' chlann .....

e. Leughaidh Mairead an leabhar sin.  
Tha Mairead ag iarraidh .....

f. Chan eil na h-oileanaich a' coiseachd dhan chèilidh.  
Cha bu toigh leis na h-oileanaich .....

g. Ruithidh Màiri air an tràigh a h-uile madainn.  
Tha Màiri airson .....

h. Ithidh sinn ar dinnear an-dràsta.  
B' fheàrr leinn .....

i. Bidh mo bhràthair a' faighinn obair ùr.  
Feumaidh mo bhràthair .....

l. Tha mi a' falbh air a' phleàn.  
Tha agam ri .....

(10 comharran)

8. Criochnaich na seantansan leis a' ghràmar cheart, mar a leanas:

Mar eisimpleir:

Tha thu a' cur dhan gharaid (e). > Tha thu *ga chur* dhan gharaid.

- a. Bidh na balaich a' leantainn (mi).
- b. Cuin a bhios an dotair a' faicinn (i)?
- c. Ciamar a tha thu a' cluiche (e)?
- d. Cha bhi sinn a' ceannach (iad).
- e. A bheil cuideigin a' coinneachadh (sibh) an seo?
- f. Càite a bheil thu ag ullachadh (e)?
- g. An robh i a' cuideachadh (thu)?
- h. Tha e a' toirt dha (sinn) an leabhar.
- i. Bha e glè mhath tachairt ri (sibh).
- l. Saoil a bheil iad ag aithneachadh (sinn)?

Sgrìobh do fhreagairtean an seo.

- a. ....
- b. ....
- c. ....
- d. ....
- e. ....
- f. ....
- g. ....
- h. ....
- i. ....
- l. ....

(5 comharran)

9. Sgrìobh na seantansan a-rithist leis a' ghràmar cheart. Sgrìobh do fhreagairtean fo na seantansan.

Mar eisimpleir:

Feumaidh tu cur dhan gharaidh (e). > Feumaidh tu a chur dhan gharaidh.

- a. Feumaidh a h-uile duine cluinntinn (sibh).
- b. Càite am bu toigh leibh coinneachadh (e)?
- c. Carson nach bu toigh leat ithe (iad)?
- d. Cha bu toigh leamsa pòsadh (i).
- e. Bha mi airson tachairt ri (sibh).
- f. Bidh Seumas airson cuideachadh (thu).
- g. Cuin a tha iad ag iarraidh faicinn (mi)?
- h. An robh i ag iarraidh èisteachd ri (thu)?
- i. Faodaidh tu fhèin òl (i).
- l. Càite bheil thu airson cur (e)?

- a. ....
- b. ....
- c. ....
- d. ....
- e. ....
- f. ....
- g. ....
- h. ....
- i. ....
- l. ....

(5 comharan)

Deireadh Pàipeir 1